

MAOIN
NAN
EALAN
GÀIDHLIG

Stiùireadh | Guidance

Administered by



with funding from



BUN-FHIOSRACHADH

'S e sgeama a th' ann am Maoin nan Ealan Gàidhlig, maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal is fosgailte do bhuidhnean is daoine fa leth.

Tha £45,000 ri sgaoileadh ann an 2020-21. Ged a tha Fèisean nan Gàidheal a' ruith an sgeama, thèid co-dhùnaidhean air tabhartasan a dhèanamh le panail de dhaoine a tha air an ainmeachadh air ar làrach-lìn far am faighear clàr an compàirt cuideachd. Feumar tagradh sgrìobhte ullachadh 's bidh muinntir Fèisean nan Gàidheal agus Alba Chruthachail a' measadh phròiseactan.

Tha Maoin nan Ealan Gàidhlig ann gus taic a chumail ri pròiseactan ealan Gàidhlig a chur an gnìomh. Ann an 2020-21 bidh prìomhachas ga thoirt do phròiseactan:

- Air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig
- A chuireadh ri seasmhachd raon-ealain no luchd-ealain fhad 's a tha buaidh Covid-19 a' leantainn
- Bho luchd-ealain fa leth gus obair a chruthachadh
- Bho luchd-ealain fa leth airson feumalachdan leasachaidh a choilionadh
- Le compàirteachas eadar-nàiseanta
- A' togail sgìlean gnìomhachais do luchd-ealain no do bhuidhnean-ealain mar dhòigh margadh a chruthachadh, àireamh an luchd-èisteachd/amhairc a mheudachadh, no seasmhachd a neartachadh.
- Airson tachartasan ealain a libhrigeadh air-loidhne fhad 's a tha buaidh Covid-19 a' leantainn.

Chan urrainnear Maoin nan Ealan Gàidhlig a chleachdadh:

- Mu choinneamh maoin eile bho Alba Chruthachail.
- Airson co-fharpaisean a chur air dòigh.

CÒ DH'FHAODAS TAIC IARRAIDH?

San fharsaingeachd faodaidh duine sam bith taic iarraidh bhon sgeama a rèir an stiùiridh [seo](#) aig Alba Chruthachail. Anns a' bhith-eantas ghabhamaid ri iarrtasan bho dhaoine fa leth (còrr is 18 bliadhna a dh'aois), buidhnean saor-thoileach is pròifeiseanta stèidhichte ann an Alba, no a' gabhail os làimh obair ealain ann an Alba. Feumar dearbhadh gu bheil eòlas aig tagraichean air, no co-dhiù dealas aca do, na h-ealain Ghàidhlig.

Far a bheil taic-airgid chunbhalach (stèidh RFO) aig buidheann bho Alba Chruthachail, feumar dearbhadh gu bheil am pròiseact ann an da-rìribh a bharrachd air prògram maoinichte na buidhne.

AG UALLACHADH IARRTAIS

Bidh dà cheann-là ann airson iarrtasan

5f Dihaoine 19.10.2020

5f Dihaoine 22.01.2021

Bidh sinn a' dearbhadh gu bheil tagraidhean air ruighinn taobh a-staigh 48 uairean a thide. Mur h-eil sibh air dearbhadh fhaighinn san ùine sin cuiribh fòn gu 01478 613355 airson a dhèanamh cinnteach gu bheil ur n-iarrtas air ar ruighinn.

Ma bhios fiosrachadh a dhith air mar a thèid iarrtas soirbheachail ullachadh, gheibhear stiùireadh bho VAS, a dh'fhaodadh a bhith cuideachail, [tron cheangal seo](#).

BACKGROUND

Maoin nan Ealan Gàidhlig is a scheme funded by Creative Scotland and administered on its behalf by Fèisean nan Gàidheal. It is open to organisations and individuals.

£45,000 is available for distribution in 2020-21. Although the fund is managed by Fèisean nan Gàidheal, decisions on grants will be made by a panel of advisers named on our website along with a register of their interests. Funds are accessed through a written application procedure and both Fèisean nan Gàidheal and Creative Scotland staff will be involved in assessing projects.

Maoin nan Ealan Gàidhlig is designed to assist the delivery of Gaelic arts projects. In 2020-21, priority will be given to applications for projects:

- Delivered through the medium of Gaelic
- Which help sustain artistic practice through the Covid-19 pandemic
- From individual artists to create work
- From individual artists which address personal development needs
- With international partnerships
- That will develop business skills for individual artists or arts organisations as a means to creating a market, increasing audience numbers or strengthening stability
- Which propose online delivery of arts activities during the Covid-19 pandemic.

Maoin nan Ealan Gàidhlig cannot:

- Be used to match other Creative Scotland funds.
- Fund competitions.

WHO CAN APPLY?

Eligibility of applicants is in line with Creative Scotland's guidance on funding available [here](#). In general, individuals (over 18), voluntary groups and professional organisations either based in Scotland, or undertaking art work in Scotland, can apply to this fund. Applicants must be able to demonstrate a positive track record in and/or professional commitment to the Gaelic arts.

If a Creative Scotland Regularly Funded Organisation (RFO) wishes to apply the organisation will have to demonstrate that the work applied for is genuinely additional to that for which the RFO is already funded by Creative Scotland.

PREPARING AN APPLICATION

There will be two deadline dates for applications

5pm Friday 19.10.2020

5pm Friday 22.01.2021

We normally acknowledge all applications for funding within 48 hours of receipt. If you do not receive an acknowledgement within that timescale please contact us by phone on 01478 613355 to ensure your application has been received.

If you would like some general information on writing a successful funding application you may find [this briefing](#) from Voluntary Arts helpful.

Tuilleadh stiùiridh do thagraichean a thaobh Maoin nan Ealan Gàidhlig:

1. Bu chòir dhuibh co-dhiù sia seachdainean fhàgail bho cheann-là an iarrtais gu toiseach a' phròiseict.
2. Ma tha fhios agaibh, cuiribh ann ainm an luchd-ealain a tha dùil agaibh obair còmhla riutha, fiù 's ma tha iad a' gabhail pàirt a-rèir a bheil iad saor agus/no am faighear am maoin. Cuidichidh seo leinn ur n-iarrtas a mheasadh a thaobh càileachd ealanta chruthachail.
3. Tha Alba Chruthachail airson 's gum faigh luchd-ealain tuarastal cothromach agus gheibhear stiùireadh [an seo](#) a bhuineas ri iarrtas an sgeime seo. Feumar co-dhiù tuarastal àbhaisteach a' gnìomhachais (Aonadh an Luchd-ciùil, Equity, smsaa) a thabhann air luchd-ealain is feumar a shealltainn nur buidseat. Thathar ag aithneachadh gum faod cuid a bhith deònach obair airson nas lugha na an ìre sin a chionn 's gu bheil iad a' creidsinn ann am pròiseact agus gum bu toigh leotha cur ris an-asgaidh no air cis nas ìsle. Ma 's ann mar sin a tha e, thathar a' moladh gun cuir sibh am miann an cèill gu soilleir nur n-iarrtas agus gun seall ur buidseat tabhartas neach-ealain, mar thaic 'tiodhlaic'.
4. Beachdaich gu faiceallach mun phròiseict agaibh agus air cho freagarrach 's a tha a' chosgais is an teachd a-steach a tha na chois. Bhithibh mionaideach agus dèanaibh cinnteach gu bheil ur buidseat cothromach. Feumaidh teachd a-steach – na mheasg maoin sam bith ris a bheil dùil bho Maoin nan Ealan Gàidhlig – a bhith co-ionann ris a' chosgais.
5. Cuideachd feumaidh sibh fios mionaidach air maoin co-ionann a thoirt seachad cho math ri fianais air 10% de theachd a-steach eile. Dh'fhaodadh seo a bhith mar thiocaidean air an reic, teachd a-steach ann an co-bhoinn ri buidheann eile no airgead an tagraiche fhèin.
6. Bhithibh onarach mu reic sam bith agus dèanaibh cinnteach gun seall e luach an tachartais no an toraidh. Mar eisimpleir, chan eil e coltach gun toireamaid maoin dhuibh gus 1,000 leabhar a chlà-bhualadh mur eil dùil agaibh ach 25 a reic. Chan eil e coltach gun toireamaid maoin dhuibh tachartas ullachadh is a shanasachd mur eil dùil agaibh ach ri 20 duine a tharraing gun iad a' pàigheadh ach £2 an urra. Bithibh ciallach a thaobh phrìsean is luach na tairgse.
7. Faodaidh mìrean a bhith nur n-iarrtas is nur buidseat a mhinicheas mar a thèid ur pròiseact a chur an cèill. Nuair a ni sibh co-dhùnadh mun mhaoin eachadh a tha sibh ag iarraidh, cuimhnicibh air amasan Maoin nan Ealan Gàidhlig. 'S iad na h-amasan sin am prìomh fheadhainn ris am bi dùil aig a' phanail ann an iarrtas.
8. Faodaidh tagraichean barrachd air aon phròiseact a chur a-staigh ach bithibh mothachail gu bheil a leithid de chofharpais ann nach eil e coltach gun tèid againn air barrachd air aon tabhartas a thabhann air neach no air buidheann ann am bliadh'-ionmhais sam bith.

Feuch nach cuir sibh fiosrachadh sam bith a bharrachd ann am post-d ach ann an Earrann 4 den fhoirm-iarrtais, an stuth a chur a-staigh le ceangal Dropbox, MailBigFile (no a leithid) far am faighear an stuth. Ma tha sibh a' cur iarrtas a-staigh sa phost, feuch gun dèan sibh liosta den stuth a bharrachd a tha an cois Earrann 4.

Ma tha feum agaibh air soilleireachadh air ion-roghnachd no cobhair gus ur n-iarrtas a lionadh, cuiribh fios gu Fèisean nan Gàidheal air 01478 613355 no post-d. gu meg@feisean.org le ur ceist.

Further guidance for applicants in relation to Maoin nan Ealan Gàidhlig:

1. You should leave at least six weeks from the application deadline to the project start date.
2. If known, please provide the name of artists you expect to work with, even if their involvement is dependent on availability and/or securing funding. This will help us assess your application in terms of artistic and creative quality.
3. Creative Scotland is committed to fair pay for artists and you can download guidance [here](#) which also applies to applications to this scheme. Industry standard rates at least (Musicians Union, Equity etc) must be offered to artists and reflected in your budget. It is recognised some artists/practitioners may wish to work for less than those rates because they believe in a project and would like to contribute either free of charge, or for a reduced fee. If that is the case, it is recommended you make their wishes explicit in your application and that your budget reflects, as 'in-kind' support, the contribution of an artist/practitioner.
4. Please think carefully about your budget and consider the appropriateness of costs and income you wish to include. Give as much detail as you can and ensure you submit a balanced budget, i.e. income - including any expected contribution from Maoin nan Ealan Gàidhlig - must match expenditure.
5. You must also provide details of all matching funds as well as evidence of 10% generated income. Generated income could take the form of ticket sales, partnership income from another source or the applicant's own contribution.
6. Please be realistic about any sales and ensure they reflect the value of the event or product. For example, we are unlikely to fund you to print 1,000 books if you only expect to sell 25. We would be unlikely to fund the production and promotion of a performance if you expect to attract only 20 people paying just £2 each. Be sensible about pricing and the value of the offer.
7. Your application and budget may include elements that put the delivery of your project in context. However, when deciding upon the amount of funding to apply for, please bear in mind the aims of Maoin nan Ealan Gàidhlig. The panel will prioritise any support towards those elements of an application.
8. Applicants may submit more than one project for consideration but please be aware that competition is likely to be such that we will probably be unable to offer more than one grant to an individual or group in any financial year.

Please do not send additional materials by e-mail but list, in Section 4 of the application form, the material being submitted with a Dropbox, MailBigFile (or similar) link where the material can be accessed. If you are sending an application by post please list the additional materials you are including in Section 4.

If you require clarification on eligibility or assistance to complete your application, please contact Fèisean nan Gàidheal on 01478 613355 or e-mail meg@feisean.org with your query.

CO-IONNANACHD, IOMADACHD AGUS IN-GHABHAIL

Feumaidh Fèisean nan Gàidheal co-ionannachd a bharantachadh na chuid ghnìomhan agus tha sinn fo fhiachaibh cùmhnant an t-urras sin a sgrùdadh. Mar sin, feumaidh sinn fiosrachadh a thrusadh sa bheil ceistean air aois, gnè, cinnidheachd, ciorram, agus aidmheil cleamhnais – gach feart dìonta ann an Achd Co-ionannachd 2010 – a bharrachd air ceist air a’ Ghàidhlig fhèin. Tha e cudromach gun toir sibh am fiosrachadh seo dhuinn gus cuideachadh leinn nar n-aithisgean a-rèir an achd agus gus piseach a thoirt air ar seirbheisean. ‘S ann airson aithisgean staitistigeil a-mhàin a chleachdas sinn am fiosrachadh a tha ga làimhseachadh fo rùn, chan aithnichear daoine fa leth ann agus cha tèid a riarachadh le buidheann eile air adhbharan margaidheachd. Cha toir am fiosrachadh a bheirear dhuinn buaidh sam bith air ur n-iarrtas maoin eachaidh agus thèid a ghiullachd a-rèir Riaghladh Dion Dàta Coitcheann agus ar [Brath Priobhaideachd](#). Mur eil fios agaibh air cuid den fhiosrachadh, no ma ‘s fheàrr leibh gun a thoirt dhuinn, faodaidh sibh am bogsa ‘B’ fheàrr leam gun freagairt a lìonadh. Gheibhear an ceisteachan [an seo](#).

TAGRAICHEAN SOIRBHEACHAIL

Leigidh Fèisean nan Gàidheal fios don a h-uile tagraiche soirbheachail taobh a-staigh 4 seachdainean de cheann-là an iarrtais. Thèid fios sgrìobhte a chur gu tagraichean soirbheachail le litir tairgse is fiosrachadh mionaideach air mar a phàighear am maoin agus cumhachan sam bith an cois an tabhartais. Feumar atharrachaidhean sam bith air planaichean a’ phròiseict an dèidh sin a chur ann an sgrìobhadh gu Fèisean nan Gàidheal airson an aontachadh mus tèid sibh air adhart.

Tha feum aig Fèisean nan Gàidheal air aithisg **taobh a-staigh dà mhios de dheireadh a’ phròiseict** agus is dòcha gun tagh sinn cuid de phròiseactan rim measadh a dhèanamh cinnteach gu bheilear gan cur an gnìomh mar a bha dùil. Is dòcha gun seall sinn cuid de na pròiseactan a tha ullamh mar eisimpleirean air ar làrach-lìn, no air làrach-lìn Alba Chruthachail, airson an seòrsa phròiseactan as urrainn don mhaoin seo cuideachadh a shealltainn.

TAGRAICHEAN NEO-SHOIRBHEACHAIL

Thathar an duil gum faod barrachd tagraichean freagarrach a bhith ann na tha ann de mhaoin. Taghaidh Fèisean nan Gàidheal agus am [panail de luchd-comhairleachaidh](#) na h-iarrtasan as fheàrr a thig ri slatan-tomhais Maoin nan Ealan Gàidhlig.

Thèid comhairle air an iarrtas a thabhan air luchd-tagraidh neo-shoirbheachail le adhbharan a’ cho-dhùnaidh. Gu mì-fhortanach, air sàilleabh meud nan iarrtasan ris a bheil dùil againn, chan urrainn dhuinn an còrr fiosrachaidh air an seo a thoirt seachad.

Maoin nan Ealan Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal,
Taigh a’ Mhill, Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Post-d meg@feisean.org

EQUALITIES, DIVERSITY & INCLUSION

Fèisean nan Gàidheal is committed to ensuring equality in all its activities and has a contractual obligation to monitor that commitment. Therefore, we need to collect information which includes questions on age, gender, ethnicity, disability, and sexual orientation - all defined protected characteristics in The Equality Act 2010 - as well as a question on Gaelic language. It is important that you provide this information to assist our reporting in line with the above act and to help us improve our services. We will use this data for statistical reporting only. It is managed confidentially, not personally attributable and will not be shared with any third party for marketing purposes. The information provided will have no bearing on your application for funding and will be processed in accordance with the General Data Protection Regulation and our [Privacy Notice](#). If you do not know some of the information, or if you prefer not to provide it, you can fill in the ‘Prefer not to answer’ box. You can access the questionnaire [here](#).

SUCCESSFUL APPLICANTS

Fèisean nan Gàidheal will notify all successful applicants within 4 weeks of the applicable submission deadline. Successful applicants will be notified in writing with a letter of offer detailing how the funds will be paid and any conditions attached to the award. Any subsequent changes to project plans must be submitted in writing to Fèisean nan Gàidheal for agreement before proceeding.

Fèisean nan Gàidheal will require the submission of an end-of-project report **within two months of the project end** and may select some projects to evaluate to ensure they are being implemented as planned. We may also feature some completed projects as case studies on our, or Creative Scotland’s, website to illustrate the kinds of projects the fund can assist.

UNSUCCESSFUL APPLICANTS

It is anticipated that there may be more qualifying applications than available funding. Fèisean nan Gàidheal and its [panel of advisers](#) will prioritise applications that best fit the criteria for Maoin nan Ealan Gàidhlig.

All unsuccessful applicants will be offered feedback on their application with the reasons for the decision. Unfortunately, due to the anticipated volumes of applications, we will not be able to provide any additional feedback beyond this.

Maoin nan Ealan Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal,
Meall House, Portree, Isle of Skye, IV51 9BZ
Telephone 01478 613355
E-mail meg@feisean.org

BUDGET EXAMPLES

Please pay close attention to points 3 to 8 in the guidance above and note that the figures below are illustrative and not to be used as endorsed rates of pay, ticket prices or similar.

- 1 This example includes the requested Maoin nan Ealan Gàidhlig grant and local authority in-kind support as income to offer a balanced budget.
The amount requested will clearly support the traditional arts element of the project.



SECTION 3

FINANCIAL INFORMATION

Please submit a balanced budget, i.e. income must match expenditure and provide details of all match funding as well as evidence of 10% generated income.

Please list your expenditure (budget)

Storytellers' Fees (£200 per session x 3)	£600.00
Storytellers' Expenses	£180.00
Venue (in-kind from local authority)	£180.00
Posters	£50.00
Press advert	£75.00
Duplication of CD as record of sessions	£25.00
Total planned expenditure	£1,110.00

Please list your income (budget)

Registration Fees (6 x £10 x 3 sessions)	£180.00
Local authority (in-kind venue)	£180.00
Maoin nan Ealan Gàidhlig	£750.00
Total planned income	£1,110.00

Please indicate the amount for which you are applying through this application

£750.00

- 2 This example does not include the requested Maoin nan Ealan Gàidhlig grant in income and is, therefore, not a balanced budget. Fees offered to tutors are not at recommended MU rates. While the tutors may have agreed to work for the fee offered their 'in-kind' assistance is not recognised. Promotion costs seem disproportionate and the amount requested is in excess of that required to support the traditional arts element of the project.



Please list your expenditure (budget)

Tutor Fees (10 x 1-hour classes @ £30 per hour)	£300.00
Tutor Travel	£120.00
Tutor Food	£120.00
Venue	£260.00
Promotion	£500.00
Total planned expenditure	£1,300.00

Please list your income (budget)

Registration Fees (6 x £5 x 10 lessons)	£300.00
Total planned income	£300.00

Please indicate the amount for which you are applying through this application

£1000.00

- 3 This example does not include the requested Maoin nan Ealan Gàidhlig grant in income, so is not a balanced budget. A request is made for the maximum £1,000 available when, clearly, only £330 would be required to allow the project to proceed. Applicant should have sought £330 and included



Please list your expenditure (budget)

Performers' Fees (5 x £400)	£2000.00
Performers' Expenses	£780.00
Venue Hire	£800.00
Promotion & Administration	£950.00
PA and Lighting Engineer	£300.00
Total planned expenditure	£4,830.00

Please list your income (budget)

Ticket Sales (300 x £15)	£4,500.00
Total planned income	£4,500.00

Please indicate the amount for which you are applying through this application

£1000.00

- 4 This example includes an 'in-kind' contribution from the tutors who have agreed a rate of pay lower than industry standards because they are personally committed to supporting the musical tuition on offer through the project. The 'in-kind' element is calculated as the difference (£5 per hour) between what they would be paid had industry standard rates (£35 per hour) been agreed and what they are actually being paid (£30 per hour).



Please list your expenditure (budget)

Tutors' Fees (4 tutors x 6 2-hour sessions @ £30ph)	£1440.00
Tutors' in-kind contribution (4 tutors x 6 2-hour sessions @ £5ph)	£240.00
Venue (in-kind from local church)	£180.00
Posters	£50.00
Press advert	£75.00
Total planned expenditure	£1,985.00

Please list your income (budget)

Registration Fees (20 x £7 x 6 sessions)	£840.00
Tutors' in-kind contribution (4 tutors x 6 2-hour sessions @ £5ph)	£240.00
Venue (in-kind from local church)	£180.00
Maoin nan Ealan Gàidhlig	£725.00
Total planned income	£1,985.00

Please indicate the amount for which you are applying through this application

£725.00